


# Na Ceiltich

## Dha teaghlaichean

Le dòchas gun còrd an turas ribh



# Dha teaghlaichean

---

## 6.1 Air tòir Blewog, an torc.

Tha Blewog am falach ann an deich àitean san taisbeanadh seo, feuch is faigh lorg air agus dèan mar a dh'iarras e ort agus gheibh thu lorg air fior sgeulachdan iongantach

## 6.2 Ìomhaigh sheunta

Tha sinn a' saoilsinn gur e dia a chì sinn san ìomhaigh chloiche seo, dia air nach eil fiosrachadh sam bith againn tuilleadh. Bha an fheadhainn a rinn i bho chionn 2500 bliadhna a' coimhead air an t-saoghal ann an dòigh gu tur eadar-dhealaichte.

Dè na tha an ìomhaigh ag innse dhuinn mu dhòigh beatha nan daoine a rinn i?

## 6.3 Ulaidhean san uaigh

Chaidh na h-ulaidhean luachmhòr seo adhlacadh maille ri boireannach bho chionn 2300 bliadhna. Am measg nan ulaidhean tha seudan, acainn airson fèist agus fiù carbad. A bheil beachd agad cò bh' innte?

Carson a chaidh na h-ulaidhean seo a chur san uaigh còmhla rithe?

## 6.4 A' siubhal le snas

Cò ris a bhiodh e coltach a bhith a' siubhal ann an carbad mar seo – an e turas cofhurtail a bhiodh agad? 'S e dà phònaidh a bhiodh a' tarraing a' charbaid – 's dòcha gu robh iad le bonaidean snasail umha orra mar an tè a chì thu an seo.

Dèan beagan rannsachaидh air a' charbad agus air bonaid a' phònaidh tron sgrion.

## 6.5 Ulaidhean fon talamh

Fhuair fear Dàibhidh Booth lorg air na fàinnean-amhaich òir seo air Blàr Dhruimin air a' chiad turas a-muigh le lorgaire-meatailt. Mas deach e a-mach, 's ann a rinn e beagan rannsachaидh air eachdraidh na sgìre ach am biodh fios aige càite an tòisicheadh e.

Èist ri Dàibhidh is ag innse mar a lorg e na fàinnean tron sgrion air an deas-làimh.

## 6.6 Gairm mòr cogaidh

Bha an còrn ('carnyx') seo ga chleachdadadh 'son bros-nochadh a thoirt do shaighdearan is feagal a chur air nàmh-aid ro bhatail. Fhuaireas lorg air ceann còirn bho chionn 200 bliadhna an Alba. Bha ìomhaighean aosmhòr nan cuide-achadh do eòlaichean is iad a' cruthachadh copaidh dheth.

Èist ri fuaim a' chòirn tron sgrion gu h-ìosal.

Saoil Carson a chuir iad cumadh tuirc air ceann a' chòirn?

## 6.7 Seanchas a' choire

Tha coire Gundestrup mar nobhail ghrafaigeach a tha ag innse sgeulachd de dhànochd, chunnart agus dhraoidh-eachd. Anns na dealbhan chì thu rudan a tha faisg air làimh, feedhainn le fàinnean-amhaich orra is cuid eile a' cluich a' chòirn.

Tagh pannal bhon choire gu h-ìosal. Dè sgeulachd a tha am pannal ag innse?

# Dha teaghlaichean

---

## 6.8 Beathaichean àraig

Tha beathaichean tric a' nochdadadh ann an ealain agus sgeulachdan nan Ceilteach. Bha cuid de bheathaichean nam pàirt de bheatha làitheil dhaoine, ach cuid eile a bha a' samhlachadh rudan mar neart, dànochd no luaths.

Cia mheud seòrsa beathach a chì thu? Cò am fear as fheàrr leat?

## 6.9 A' tuigse a' chòd

Tha a' chlach shnaighte seo, a lorgadh sa Chuimrigh, a' sealltainn dà chànan le dà aibidil ri taobh a chèile – Làdainn Ròmanach agus Ogham Èireannach.

Cuidichidh am pannal gorm air do dheas-làimh thu is tu a' leughadh tro na litrichean Ogham seo bho mhullach gu bonn.

## 6.10 Spaideil dha-rìribh

Tha a' bhràiste seo, *The Hunterston Brooch*, tè dhe na h-ulaidhean as luachmhòr a lorgadh bhon àm. Chaidh a dèanamh le ceàrd aig an robh fior liut; le airgead, òr is seudan prìseil agus bhiodh i ri faicinn air iomadh diofar dhaoine uasal thar nan linntean.

Barrachd mu na beathaichean am falach sa bhràiste air an sgrion gu h-ìosal.

Am faigh thu lorg idir air an sgrìobhadh air cùl na bràiste?

### 6.11 A' lorg nan ulaidhean

Rinn Iain MacDhonnchaidh an dealbh ‘Ceilteach’ seo ceud bliadhna air ais. Anns an dealbh chì thu pìosan bho seanchas nan Gàidheal agus gu leòr rudan a bha ann, ach chan eil ach beagan dhiubh a’ buntainn ris na linntean tron deach sinn san taisbeanadh.

Cò na diofar rudan san dealbh a chì thu anns an taigh-thasgaidh?